


Aithris Rannsachaidh Ghoirid air *Staing na Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd Dhùthchasaich: Làn-sgrùdadh Sòiseo-chànanach air Gàidhlig na h-Alba*

Conchúr Ó Giollagáin; Gòrdan Camshron; Pàdruig Moireach; Brian Ó Curnáin; Iain Caimbeul; Brian MacDonald agus Tamás Péterváry

- 1. Amasan Rannsachaidh:** Tha an aithris rannsachaidh seo a' toirt seachad geàrr-chunntas air na prìomh thoraidhean a thàinig a-mach às an sgrùdadh sòiseo-chànanach farsaing a rinn sinn air cleachdadh sòisealta na Gàidhlig agus fèin-aithne Ghàidhealach anns na coimhearsnachdan mu dheireadh anns a bheil a' Ghàidhlig a' mairsinn gu dùthchasach anns na h-Eileanan an Iar, ann an Stafainn anns an Eilean Sgitheanach agus ann an Tiriodh.
- 2. Prìomh Thoraidhean:** Anns na coimhearsnachdan eileanach seo, tha cleachdadh sòisealta na Gàidhlig agus toirt seachad a' chànain dhan ath ghinealach an impis briseadh sìos. Tha na diofar mhodalan rannsachaidh a' toirt staing dheamagrafach leantainneach am follais. An lùib na stainge seo tha, sa chiad àite, lùghdachadh ann an dlùths sòisealta luchd-labhairt na Gàidhlig; agus anns an dàrna àite, ìre gu math ìseal de thoirt seachad a' chànain anns an teaghlach agus anns a' choimhearsnachd. Tha measgachadh de na h-adhbharan sòisealta seo a' fàgail gu bheil cleachdadh na Gàidhlig eadar ginealaichean gu math lag. Tha ìre na stainge shòisealta do na coimhearsnachdan Gàidhlig follaiseach ann am prìomh thoraidhean an rannsachaidh:
 - Ìrean ìseal de chomas Gàidhlig am measg eileanaich òga anns an sgìre rannsachaidh
 - Ìrean gu math lag de chleachdadh a' chànain air feadh diofar cho-theacsaichean sòisealta
 - Gàidhlig air an iomall ann am beatha na h-òigridh anns a' bhun-sgoil is anns an àrd-sgoil
 - Tha an òigridh coma airson a' chuid as motha mu àite na Gàidhlig nam beatha
 - Tha toirt seachad na Gàidhlig anns an teaghlach is anns a' choimhearsnachd air a lagachadh gu mòr a chionn 's gu bheil làmh an uachdair aig a' Bheurla anns na coimhearsnachdan seo
 - 'S e eileamaid glè bheag de bheatha dhaoine anns na h-eileanan a tha anns na lionraidhean sòisealta Gàidhlig, ach a-mhàin anns na buidhnean aoise as sine.
- 3. Deama-chànanachas na Gàidhlig agus dàta bhon Chunntas-sluaigh:** Tha dàta bho na cunntasan-sluaigh eadar 1981 agus 2011 a' sealltainn crìonadh leantainneach anns an àireimh de luchd-labhairt Gàidhlig a bha a' fuireach anns na h-eileanan air an deach rannsachadh a dhèanamh, 's e sin call co-roinneil 13% anns a' chumantas gach deich bliadhna bho 1981. Am measg an t-sluaigh os cionn 3 bliadhna dh'aois a tha a' fuireach anns an sgìre, chan eil ach 52% de dhaoine ann an Cunntas-sluaigh 2011 ag ràdh gu bheil Gàidhlig aca an taca ri 80% ann an Cunntas-sluaigh 1981. Tha na prìomh thoraidhean bhon sgrùdadh dheama-chànanach air dàta nan cunntasan-sluaigh a' sealltainn (Caibideil 2):
 - Call glan de 9,660 de luchd-labhairt Gàidhlig eadar 1981 agus 2011
 - Eadar 1981 agus 1991, chaill na h-eileanan an dlùths shòisealta àrd de 80% de luchd-labhairt Gàidhlig; chrìon comas Gàidhlig am measg dhaoine eadar 3 agus 17 bliadhna dh'aois gu sònraichte dona anns na deich bliadhna ud:
 - Bha call de 41% ann an àireimh an luchd-labhairt Gàidhlig am measg na buidhne-aoise òig seo
 - 'S e puing-thionndaidh chudromach a bha anns a' chrìonadh seo às dèidh 1981 ann an lagachadh na Gàidhlig ann an lionraidhean sòisealta
 - Tha nas lugha na 2,000 den òigridh (eadar 3 agus 17 bliadhna dh'aois) anns na coimhearsnachdan dùthchasach ag ràdh gu bheil comas Gàidhlig aca ann an Cunntas-sluaigh 2011
 - Tha beàrn timcheall air 30 puing % eadar dàta air comas an luchd-labhairt agus cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean a-rèir a' Chunntais-shluaigh: tha seo a' ciallachadh gu bheil cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh fada nas laige na an ìre de chomas Gàidhlig anns na coimhearsnachdan seo

- Tha sgrùdadh air dàta air luchd-labhairt fa leth an taca ri dàta air cleachdadh ann an teaghlaidhean a' sealltainn eadar-ghearradh cudromach eadar an dà rud seo:
 - nuair a bhios comas Gàidhlig ann an coimhearsnachd a' crìonadh gu 45% de na tha a' fuireach ann agus cleachdadh na Gàidhlig ann an teaghlaidhean a' tuiteam gu 15% de na dachaighean far a bheil clann
- Tha an nasgadh seo de 15% cleachdadh teaghlaidh / 45% comas coimhearsnachd a' comharrachadh an t-suidheachaidh neo-bheòthail (moribund) anns nach eil Gàidhlig ga cleachdadh ach ann an suidheachaidhean neo-chudromach ann am beatha na coimhearsnachd, ann an cleachdadh institiuidheach agus anns na buidhnean aoise as sine: 's e seo stairsneach call iomlan a' chànain
- Taobh a-staigh nan deich bliadhna ri tighinn, bidh a' chuid as motha de na coimhearsnachdan anns an t-suidheachadh neo-bheòthail, no an impis a dhol a-steach ann, a-rèir mar a tha cùisean a' dol an-dràsta
- Tha coimeas eadar an dàta air comas Gàidhlig dhaoine fa leth agus cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh (19% de na dachaighean teaghlaidh air fad) a' sealltainn gu bheil timcheall air 11,000 duine mar phàirt de shluagh dùthchasach na Gàidhlig an-dràsta.

Tha **Figear 1** a' sealltainn ìrean ro-mheasta de chomas Gàidhlig anns an àm ri teachd a tha stèidhte air a' chrìonadh a thachair eadar cunntasan-sluaigh thuige seo. Tha e a' sealltainn lùghdachadh leantainneach agus susbainteach ann an comas labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar, agus an slugh Gàidhlig ro-mheasta air fad a' teannadh ris an stairsnich de 45% far a bheil call iomlan a' chànain air fàire ro 2021.



Figear 1: Treand anns an t-sluagh (3+bliadhna) chlàraichte (loidhne dàta neo-bhrìste) agus ro-mheasta (loidhne bhrìste) agus meud a-mach às a' cheud de chomas Gàidhlig clàraichte agus ro-mheasta (2021), na h-Eileanan Siar

4. Phrìomh Thoraidhean bho na Modalan Rannsachaidh

Tha na toraidhean bho **shuirbhìdh nan sgoiltean-àraich** (Caibideil 3) a' sealltainn nach robh tuigse na Gàidhlig aig ìre *Fileanta bho thùs no Math* ach aig àireimh gu math beag den chloinn nuair a thòisich iad aig an sgoil-àraich (24 a-mach à 359 de phàistean, 's e sin 6.7% dhiubh). Bhiodh 88% den chloinn anns na sgoiltean-àraich a' bruidhinn Beurla a-mhàin ri càch-a-chèile nuair a thòisich iad, le lùghdachadh beag ann an seo gu 76% den chloinn às dèidh greis. Ged a tha meudachadh beag ann an cleachdadh na Gàidhlig tro ùine, tha a' Bheurla fhathast mar chànain an t-sòisealachaidh a-measg cho-aoisean dhan mhòr-mhòr-chuid de chloinn anns na sgoiltean-àraich. Tha seo a' leigeil fhaicinn nach eil aig na tha a' chlann a' cluinntinn de Ghàidhlig bhon luchd-obrach ach buaidh gu math beag air sòisealachadh cànan am measg cho-aoisean. 'S e am prìomh chodhùnadh a tha a' tighinn a-mach à suirbhìdh nan sgoiltean-àraich nach eil ginealach nam pàrantan a' bruidhinn Gàidhlig gu leòr tuilleadh airson cleachdadh sòisealta na Gàidhlig anns na h-eileanan a chumail suas. Ann am faclan eile, tha coimhearsnachdan nan eilean air an comas sòisealta a chall gus iad fhèin ath-ghintinn mar choimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha **suirbhìdh nan deugairean** (Caibideil 4) air comas agus cleachdadh na Gàidhlig, agus beachdan air a' chànain, a' sealltainn nach eil a' Ghàidhlig ach mar phàirt gu math beag de bheatha nan deugairean seo. Tha ìrean ìseal de chleachdadh na Gàidhlig air an aithris anns an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd:

- Tha an sgrùdadh air an dàta co-aonaichte a' sealltainn ìrean ìseal de chleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh; tha 18% de na deugairean ag ràdh gu bheil an dà phàrant aca fileanta sa Ghàidhlig, agus tha 5.1% ag ràdh gum bi iad a' bruidhinn Gàidhlig *An còmhnaidh no Airson a' chuid as motha* rim pàrantan (**Clàr 3 anns an Gheàrr-chunntas Rannsachaidh**).

- Ged a tha timcheall air 20% de na deugairean ag ràdh gu bheil iad fileanta ann an Gàidhlig (co-dhiù bho thùs, 14.3%, no mar luchd-ionnsachaidh, 6%), cha bhi ach 1.3% de na deugairean a' bruidhinn Gàidhlig rin cuid charaidean *An còmhnaidh* no *Airson a' chuid as motha*.
- A thaobh fèin-aithne, cha robh ach 32.6% de na deugairean a' coimhead orra fhèin mar Ghàidheil, an taca ri 79% de luchd-freagairt anns an t-suirbhidh choimhearsnachd (Caibideil 5). A dh'aindeoin 's nach bi a' mhòr-chuid dhiubh a' cur na Gàidhlig gu feum gu sòisealta ach ainneamh, tha 41.2% de na sgoilearan ag ràdh gu bheil iad an dùil a' chlann aca fhèin a thogail ann an Gàidhlig.
- Chaidh **Suirbhidh Sòiseo-chànanach nan Coimhearsnachdan** (Caibideil 5) agus **Suirbhidh Gnè-eòlas an Luchd-labhairt** (Caibideil 6) a dhèanamh ann an Sgalpaigh, Griomasaigh agus Èirisgeidh. Tha na toraidhean a' sealltainn mar a chaill a' Ghàidhlig làmh an uachdair gu h-àraid bho na 1980an air adhart, ach le fianais shusbainteach gu robh crìonadh anns na 1970an cuideachd. Tha na suirbhidhean seo ag aontachadh ri toraidhean an sgrùdaidh dheama-chànanaich stèidhte air na cunntasan-sluaigh.
- Ann an Suirbhidh Sòiseo-chànanach nan Coimhearsnachdan air an fheadhainn os cionn 65 bliadhna dh'aois, dh'innis 72% den luchd-freagairt gu bheil Gàidhlig aca gu fileanta; dh'innis 31.6% gu bheil an cèile a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin no airson a' chuid as motha riutha; ge-tà, cha do thogadh ach 15.5% de chloinn an luchd-fhreagairt air fad ann an dachaighean tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin no airson a' chuid as motha. Chaidh innse nach robh a' mhòr-chuid (63.6%) den luchd-freagairt a bha fo 45 bliadhna dh'aois fileanta ann an Gàidhlig. Tha Suirbhidh Gnè-eòlas an Luchd-labhairt a' sealltainn gur ann a-measg na tha os cionn 65 bliadhna dh'aois a tha dlùthsan àrda de dhaoine aig a bheil Gàidhlig bho thùs rim faighinn anns na trì eileanan.

5. Co-dhùnaidhean

Tha fianais nan suirbhidhean uile gu lèir a' sealltainn nach eil a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar chànan coimhearsnachd taobh a-muigh lìonraidhean sòisealta cugallach agus iomallach. Tha na toraidhean a' leigeil fhaicinn gun deach leantalachd shòisealta na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar a chall air sàillibh laigse shòisealta nan Gàidheal mar shluagh anns an àrainn dhùthchasaich mu dheireadh aca.

Tha na h-ìrean glè lag de thoirt seachad na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd is anns an dachaigh, a bharrachd air ìrean ìseal de shòisealachadh na h-òigridh tro Ghàidhlig, a' sealltainn gu soilleir mar a tha lìonraidhean Gàidhlig nan eilean air am putadh dhan iomall. Cha mhair na lìonraidhean Gàidhlig seo ann an àite sam bith gu ìre shusbainteach sam bith, a-rèir mar a tha cùisean an-dràsta, seachad air na deich bliadhna a tha romhainn.


Tha na Gàidheil a-nis a' fulang a' cheum mu dheireadh de lèir-sgrìos eitnea-chànanach. Anns a' cho-theacsa seo, 's e cnap-starraidh seach cobhair a tha ann an iomairtean poileasaidh nam buidhnean Gàidhlig oifigeil nach eil buntainneach dhan t-sluagh Ghàidhlig a thaobh oidhirpean gu dol an sàs gu h-èifeachdach ris an t-suidheachadh dhùbhlanaich a tha ann.

6. Toiseach-tòiseachadh airson dol an sàs ri Staing na Gàidhlig

Tha Caibideil 9 ann an *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community* a' toirt seachad mìneachadh mionaideach air modail ùr airson ath-bheòthachadh coimhearsnachd na Gàidhlig, agus tha geàrr-aithris air a' mhodail ri fhaighinn anns a' *Gheàrr-chunntas Rannsachaidh* a tha an cois an leabhair.

Tha am modail ùr a tha air a mholadh airson ath-bheòthachadh na Gàidhlig air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, an **Co-chomann Mion-chànain Co-obrachail**, stèidhte air dòigh-obrach choileanta a thaobh cànan anns a' chomann-shòisealta. 'S e modail planadh agus poileasaidh cànan a tha ann a tha freumhaichte ann am frèam-obrach leasachaidh choimhearsnachd.

Tha **Figear 2** a’ sealltainn nan eileamaidean riatanach airson Urras na Gàidhlig, an structar a tha aig teis-meadhan modail a’ Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail, a chur air bhonn.



Figear 2 Co-chomann Mion-chànain Co-obrachail: Ìrean Co-phàirte 1–6

Bidh e gu math dùbhlach dhan luchd-compàirt air fad a bhith a’ gluasad seachad air an t-suidheachadh a tha ann an-dràsta. Airson dèiligeadh ris an staing ann an dòigh a tha dearbhach agus reusanta bu chòir na ceumannan a leanas a ghabhail sa chiad dol a-mach:

- Aideachadh leis a’ choimhearsnachd agus le buidhnean poblach gu bheil an suidheachadh èiginneach
- Aideachadh am measg bhuidhnean poblach gu bheil poileasaidhean a tha ann an gnìomh an-dràsta airson sluagh dùthchasach na Gàidhlig mì-fhreagarrach
- Aithneachadh gu bheil dòighean-obrach eadar-dhealaichte a dhìth ma thathar airson call iomlan na Gàidhlig dhùthchasaich a sheachnadh
- Toil choitcheann gus beòthalachd shòisealta sluagh na Gàidhlig a neartachadh
- Car a chur ann an oidhirpean poileasaidh agus planadh cànan air falbh bho sholarachadh institiuideach foirmeil agus samhlaichail cho luath 's a ghabhas.

Tha modail a’ cho-chomainn a tha air a mholadh anns an rannsachadh cuimsichte air cumhachd, solarachadh maoinachaidh agus goireasan ro-innleachdail ath-chothromachadh airson math bhuidhnean freumhaichte anns a’ choimhearsnachd agus lionraidhean Gàidhlig teaghlaich agus sòisealta, aig a bheil comas agus miann pròiseas atharrachaidh a tha ag amas air ath-bheòthachadh cànan anns a’ chomann-shòisealta a thoirt gu buil.

Tha e follaiseach a-nis nach gabh a’ Ghàidhlig gleidheadh mar chànain coimhearsnachd ma leanas an suidheachadh air a tha ann an-dràsta.